



## **Institiùd OGE nam Mìle Bliadhna**

---

BA Cànan Is Cultar/Gàidhlig Is Iomall a' Chuain Siar  
**An Cùrsa Comais**

---

### **Comas Conaltraidh B (Pàipear 2)**

**Deuchainn Deireannach**

**Diciadain, 19 An Cèitean, 2004**

**Uair: 2.00 - 4.00 feasgar**

---

Fiosrachadh: **Tha sia ceistean anns an deuchainn.  
Bu chòir dhuibh a h-uile ceist a fhreagairt.  
Chan fhaod sibh faclairean a chleachdadh.  
Sgrìobhaibh ur freagairtean air na duilleagan seo.**

---

1. Sgrìobh aon earrann, mu 250 – 300. Tagh eadar an fheadhainn a leanas:

Litir no aiste do phàipear-naidheachd ag innse do bheachdan air aon de na cuspairean a leanas:

- An àireamh de dhaoine bho dhùthchannan thall thairis a tha a' tighinn a-steach a dh'fhuireach a Bhreatainn.
- Cìsean nan Oileanach.
- Alba: an dùthaich as mì-fhalainn san Roinn Eòrpa.
- Cùis air choreigin a tha anns na naidheachdan anns an sgìre agad fhèin.

NO

Earrann a' toirt duine tro na ceuman ann an obair làimhe no obair chiuird air choreigin.

NO

Lèirmheas, mar gum b' ann do phàipear naidheachd, air dealbh-chluiche no film no taisbeanadh ealain aig an robh thu o chionn ghoirid, no air leabhar a leugh thu, no air clàr ris an do dh'èist thu.

NO

“Cò shuidh sìos air mo bheulaibh san trèana ach tè le gùn bainnse oirre: gùn àlainn sìoda, cho geal ris a' chanach, agus a' bhèile fhathast mu ceann. Neònach 's gun robh sin, b' e an rud a bu neònaiche buileach na brògan a bh' oirre: dà bhiast bhròig leathair, coltach ris an fheadhainn a bhios air luchd sreap na beinne. Thug mi greiseag dìreach a' coimhead air an t-sealladh annasach a bha seo. Mu dheireadh thàinig na ceistean nan sruth gu m' inntinn: Carson? Càite an robh i a' dol... ..no cò às a bha i air teicheadh? Dè bh' air tachairt? Carson a bha i leatha fhèin?...”

Innis mu dheidhinn tè na bainnse.

(35 comharra)

*Sgrìobh d' earrann air na duilleagan a leanas.*



2. Leugh an earrann a leanas agus freagair ceistean *a.* agus *b.*

'S e Sandaidh Rothach a th' orm agus tha mi a' fuireach ann an Tiriodh. Chan eil mi pòsta a-nis idir ach tha dithis chloinne agam: balach agus nighean. Tha am fear beag anns a' bhunsgoil fhathast ach tha mo nighean air a dhol dhan àrdsgoil. Tha mi ag obair còmhla ri Eairdsidh, mo bhràthair, ann am bàta giomaich. 'S ann le m' athair a bha i ach dh'fhàg e agamsa i nuair a sguir e fhèin a dh'obair. B' e Catriona, ar piuthar, a fhuair an taigh, thug e dhomhsa am bàta agus tha a' chroit aig Eairdsidh.

Thuirt ar n-athair rinn gum bu chòir dhuinn a h-uile càil a reic, gum biodh ar beatha na b' fhasa air falbh on eilean. Co-dhiù, cha tug duine againn feart airsan agus cha robh aithreachas oirnn fhathast. 'S e Tiristich a th' annainn, agus tha sinn toilichte a bhith nar n-eilean fhèin. Tha cùisean a' dol gu math leinn - gu ruige seo co-dhiù. Tha rudan againne an seo nach eil aca air tir-mòr.

'S e tidsear a bh' annam fhèin aig aon àm ach tha mi glè thoilichte a bhith nam iasgair an-diugh. Ged a tha leabhraichean 's bàrdachd agus a h-uile càil a tha sin a' cordadh rium gu mòr b' fheàrr leam fichead uair a bhith a-muigh ag obair le mo làmhan agus, gu seachd àraid, air mo cheann fhèin. Chuir mi romham an t-iasgach fheuchainn co-dhiù agus chan eil mi deiseil mo dhreuchd a leigeil dhìom buileach fhathast. Tha an latha sin pìos bhuan, tha mi an dòchas.

a. Atharraich an earrann mar gun robh thusa ag innse mu dheidhinn Sandaidh.

'S e **fireannach** a th' ann an Sandaidh. Seo a' chiad loidhne. *'S e Sandaidh Rothach a th' air agus tha e a' fuireach ann an Tiriodh.* Cuir loidhne fo gach rud a tha thu ag atharrachadh agus sgrìobh an rud ceart os a chionn.

b./

2. b. Atharraich an earrann a-rithist. 'S e **boireannach** a th' ann an Sandaidh a-nis. Seo a' chiad loidhne. *'S e Sandaidh Rothach a th' oirre agus tha i a' fuireach ann an Tiriodh.* Cuir loidhne fo gach rud a tha thu ag atharrachadh agus sgrìobh an rud ceart os a chionn.

'S e Sandaidh Rothach a th' orm agus tha mi a' fuireach ann an Tiriodh. Chan eil mi pòsta a-nis idir ach tha dìthis chloinne agam: balach agus nighean. Tha am fear beag anns a' bhunsgoil fhathast ach tha mo nighean air a dhol dhan àrdscoil. Tha mi ag obair còmhla ri Eairdsidh, mo bhràthair, ann am bàta giomaich. 'S ann le m' athair a bha i ach dh'fhàg e agamsa i nuair a sguir e fhèin a dh'obair. B' e Catriona, ar piuthar, a fhuair an taigh, thug e dhomhsa am bàta agus tha a' chroit aig Eairdsidh.

Thuirt ar n-athair rinn gum bu chòir dhuinn a h-uile càil a reic, gum biodh ar beatha na b' fhasa air falbh on eilean. Co-dhiù, cha tug duine againn feart airsan agus cha robh aithreachas oirnn fhathast. 'S e Tiristich a th' annainn, agus tha sinn toilichte a bhith nar n-eilean fhèin. Tha cùisean a' dol gu math leinn - gu ruige seo co-dhiù. Tha rudan againne an seo nach eil aca air tìr-mòr.

'S e tidsear a bh' annam fhèin aig aon àm ach tha mi glè thoilichte a bhith nam iasgair an-diugh. Ged a tha leabhraichean 's bàrdachd agus a h-uile càil a tha sin a' cordadh rium gu mòr b' fheàrr leam fichead uair a bhith a-muigh ag obair le mo làmhan agus, gu seachd àraid, air mo cheann fhèin. Chuir mi romham an t-iasgach fheuchainn co-dhiù agus chan eil mi deiseil mo dhreuchd a leigeil dhìom buileach fhathast. Tha an latha sin pìos bhuam, tha mi an dòchas.

(30 comharra)

3. Lìon gach beàrn leis an fhacal a tha anns na camagan ( ). Atharraich am facal anns na camagan ma dh'fheumas tu.
- Cha do dh'èist sinn ris ..... (am prògram) idir; chaidh sinn dhan ..... (an talla) fhèin air ..... (an oidhche).
  - Gluaisidh iad gu taigh air ..... (an t-sràid) ùir nuair a phòsas iad agus fàgaidh iad an taigh a bh' aca anns ..... (An Càrnan).
  - Thòisich Sìm ag obair anns ..... (a' gharaid) air ..... (am feasgar) an dèidh dha a bhith anns ..... (an t-àite) mìos no dhà.
  - Tha m' athair air tòiseachadh air clas-oidhche anns ..... (an sgoil).
  - A bheil fios aig ..... (am ministear) mun ..... (an fhàinne) agus nach urrainn dhut a lorg?
  - Cha chuala mi gun do ghoirtich Dòmhnall a dhruim anns ..... (an geam) agus gun deach a thoirt dhan ..... (an t-ospadal).
  - Faodaidh sibhse ceòl a chluiche anns ..... (an seòmar) eile: tha sinn ag èisteachd ris ..... (na h-oileanaich) an seo.
  - Bha i a' sealltainn anns ..... (na bùithtean) ach cha robh sgillinn ruadh aice anns ..... (an sporan).
  - Tha mi an dùil a bhith ag obair anns ..... (an sabhal) feasgar.

(9 comharran)

4. Lìon gach beàrn leis na facail cheart. Tagh eadar *ann am/ann an/anns a'/anns an/dhan/a*.

- Chunnaic mi Seumas ..... bhùth an-dè.
- Bha mi ..... taigh Màiri.
- Thèid mi ..... sgoil a-màireach.
- Cheannaich mi truinnsair ..... Bùth Theàrlaich.
- Bha mi ..... eaglais Latha na Sàbaid.
- Thèid mi ..... thaigh Catriona Disathairne.

(6 comharran)

5. Leugh an earrann a leanas. Tha loidhnichean fo chuid de na h-abairtean innte.  
Dèan an *Sgrìobhadh a-rithist* an uair sin.

Tha Seonag a' dol a dh'fhuireach anns a' bhaile fad an t-samhraidh anns an eilean.  
Tha i an sin an-dràsta anns a' cholaiste. Tha obair aice feasgar, trì tursan san  
t-seachdain, anns an taigh-òsta bheag a tha faisg air an t-seann chaisteal agus  
air na h-eaglaisean mòra. Thòisich i an sin nuair a bha i na sgoilear. 'S ann  
anns na seòmraichean a bha i ag obair an toiseach. Càil as fheàrr leatha, nuair a  
bhios latha saor aice, 's e a bhith a' dol dhan tràigh no dhan ghàradh mhòr aig  
ceann a' bhaile airson cuairt.

### **Sgrìobhadh a-rithist**

Seo an earrann a-rithist. Tha beàrnan far an robh na h-abairtean le loidhnichean  
fòpa. Sgrìobh na h-abairtean sin a-rithist anns na beàrnan ach, an turas seo, sgrìobh  
gun an t-alt iad. Mar eisimpleir:

Sheall Iain air a' chairt a bha aig an duine a bha ag obair anns a' mhargaid. > *Sheall  
Iain air cairt a bha aig duine a bha ag obair ann am margaid.*

Tha Seonag a' dol a dh'fhuireach .....fad an t-samhraidh  
..... . Tha i an sin an-dràsta .....  
Tha obair aice feasgar, trì tursan san t-seachdain, .....  
a tha faisg ..... agus .....  
Thòisich i an sin nuair a bha i na sgoilear. 'S ann .....  
a bha i ag obair an toiseach. Càil as fheàrr leatha, nuair a bhios latha saor aice, 's e a  
bhith a' dol ..... no .....  
aig ceann a' bhaile airson cuairt.

(11 comharra)

6. Tha **aon** rud ceàrr leis a' ghràmar anns gach seantans a leanas. Cuir loidhne fon rud cheàrr anns gach seantans agus sgrìobh an rud ceart os a chionn.
- a. Bha sinn aig an taigh Iain Dimàirt a chaidh.
  - b. Tha Donnchadh ag obair anns a' Bhanca na h-Alba a-nis.
  - c. 'S dòcha aig an deireadh na seachdaine gum bi an aimsir nas fheàrr.
  - d. 'S ann anns a' Ghlaschu a thachair mi ri bràthair Sheòrais.
  - e. Tha a' charragh-chuimhne anns a' mheadhan a' bhaile.
  - f. Bhruidhinn sinn ris a' cheannard na sgoile mun trioblaid a bh' againn.
  - g. Gheibh Calum Òg geam dhan sgioba Steòrnabhaigh a-nochd.
  - h. An d' fhuair sibh litir air ais fhathast bhon talla Thobar Mhoire mun chonsairt?
  - i. Bha m' athair ag obair air am mullach an taighe anns a' mhadainn.

*(9 comharran)*